

## Karl Drais



Làtha a bhreith 29.4.1785 ann an Karlsruhe,  
Làtha a bhàis 10.12.1851, Karlsruhe.

### Iomradh air a bheatha

Chaidh Karl Drais a bhaisteadh mar Karl Friedrich Christian Ludwig. Bha Freiherr (baron) Drais ag obair bho thùs san t-seirbheis chatharra ann an rianachd-choille Dhiùcachd Baden. Thòisich e na innleachdair nuair a chaidh a phàigheadh dheth le làn-phàigheadh. Dh'innlich e caochladh uidheamachdan leithid inneal a sgrìobhadh ceòl piàno air pàipear, clò-sgrìobhadair beag a dheidheadh a chleachdadh le luchd-nàideachd cùirte a chleachd geàrr-sgrìobhadh anns nach robh ach 16 de characteran, dà sheòrsa carbaid a ghabhadh a ruith le cumhachd-daonna agus an nuadh-innleachd a b'ainmeile a bh'aige, an velocipede dà chuibhleach, an Draisine no *hobby-horse*, a thaisbean e airson a' chiad uair air 12 Òg-mhìos, 1817 ann am Mannheim.

Airson a ' chiad uair a-riamh dh'fheumadh neach an carbad a cho-chothromachadh gus a chumail an àrd. Bliadhnaichean às dèidh seo chaidh casachain a chur ris le daoine a leithid Pierre agus Ernst Michaux agus an co-obraiche Pierre Lallement gus an rothair, mar is aithne dhuinn an-diugh e, a chruthachadh. Às an sin chaidh an càr a dh'innleachadh le Carl Benz. Mar chomharra air na h-innleachdan aige, thug am Prìomh-Dhiùc Carl peinnsean fad-beatha dha Drais agus chaidh fhasdadh na Ollamh air einnseanaireachd mheacanaigeach. Chuir na deuchainnean a rinn e air carabadan rèile beaga ri mar a chaidh na carabadan rèile tacsail, aotrom, ris an canar Draisine, a leasachadh.

B' e fìor dheamocratach a bh'ann an Drais agus thug e taic dha na tionndaidhean a sgaoil thairis air an Roinn Eòrpa ann an 1848 agus chuir e bhuaithe an tìotal a bh'air, cho math ris an ainm rioghail "von" ann an 1849. An dèidh don tionndadh ann am Baden tuiteam, chaidh dochan a dhèanamh air Drais le luchd-leantainn a' chrùin. Às dèidh a bhàis chaidh na nàimhdean aige as àicheadh gur e Drais idir a dh'innlich carabadan da-chuibhleach aig nach robh feum air eich airson a bhith gan slaodadh.